



CROFTING COMMISSION
COIMISEAN NA CROITEARACHD

Coimisean na Croitearachd

Plana Corporra 2017-2022

Clàr

Ro-ràdh	3	Toradh a trì	7
Cò sinne, dè nì sinn	4	Toradh a ceithir	7
An sealladh againn	5	Toradh a còig	8
An t-adhbhar againn	5	Toradh a sia	8
Na luachan againn	5	A' tomhas ar soirbheachaidh	9
Toradh a h-aon	6	Toraidhean nàiseanta	10
Toradh a dhà	6	Fiosrachadh mu bhuidseat	11



Ro-ràdh

Thàinig atharrachaidhean nach bu bheag anns a' chiad chòig bliadhna aig Coimisean na Croitearachd, le reachdas ùr ga thoirt a-steach a thug dreuchdan is uallaichean ùra dhan Choimisean. Mar thoradh, tha sinn air oidhirp nach beag a dhèanamh gus dearbhadh gun deach na h-atharrachaidhean seo a thoirt a-steach, ag atharrachadh no a' cruthachadh mhodhan-obrachaidh ùra a thaobh gnìomhachais nuair a bha feum, agus ag obair leis na com-pàirtichean againn ann an Clàran na h-Alba gus a dhèanamh cinnteach gun robh toirt a-steach Clàr na Croitearachd soirbheachail..


Raointean cudromach obrach eile dhuinn is e cur-air-bhog Cunntas bliadhna na Croitearachd ann an 2014 agus toirt a-steach siostaim ùir gnìomhachais anns a' Ghearran 2016. Cuidichidh na pròiseactan seo gu lèir, nan dòighean fhèin, ris a' chroitearachd anns an ùine romhainn le bhith a' dìon agus, gu dearbh, a' leasachadh an fhiosrachaidh is na fianais a bhios sinn a' gleidheadh mu chroitean, mun fhearann air a bheil iad agus mu na daoine a chumas coimhearsnachdan dùthchail beò.

A' sealltainn air thoiseach air a' chòig bliadhna a tha romhainn, cuiridh sinn ris na h-atharrachaidhean seo le bhith a' cumail oirnn a' leasachadh mar a tha sinn ag obair, a' dèanamh cinnteach gun tèid againn air an t-seirbheis as fheàrr a thoirt dhan luchd-chleachdaidh againn. Tha togail againn cuideachd ri toirt a-steach an reachdais ùir agus nan atharrachaidhean is nan dùbhlann a thigeadh na lùib.

Tha am Plana Corporra seo a' nochdadh far an cuir sinn cudeam nar cuid obrach thairis air a' chòig bliadhna a tha romhainn, far am faic sinn an cudeam againn a' gluasad air falbh bho chur an sàs nam modhan-obrachaidh is nan siostaman ùra gu leasachadh leanmhainneach anns gach raon den obair againn. Cho math ri leasachadh leanmhainneach air modhan-obrachaidh ann an làimhseachadh chùisean riaghlachail is gnìomhachais, agus nar cuid riaghlaidh fhèin, bheir seo oirnn:

- A bhith ag obair gu gnìomhach le coimhearsnachdan-croitearachd gus a dhèanamh cinnteach gu bheil a' fuireach air croitean agus gu bheil a' gan cleachdadh
- A bhith ag obair leis an luchd-phàirteachaidh againn gus stiùireadh mun chleachdadh as fheàrr a thaobh rianachd air cùiltean-cinn a chur ri chèile
- A bhith a' toirt clàr-obrach digiteach Riaghaltas na h-Alba air adhart le bhith a' toirt seachad ar cuid seirbheisean air an Lìon.

Gus sin a dhèanamh, tha sinn air sia Toraidhean a nochdadh anns a' phlana seo a chuidicheas nar beachd ris na h-amasan againn sna còig bliadhna a tha romhainn agus a chuireas air chomas dhuinn cumail oirnn a' cur ri rian fa leth na croitearachd agus na daoine is na coimhearsnachdan a bhios e a' comharrachadh.



Bill Barron
Ceannard

Cò sinne, dè nì sinn

Chruthaich Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 Coimisean na Croitearachd, a thàinig gu bith air 1 Giblean 2012, a' ghabhail thairis bho Choimisean nan Croitearan.

Is e Buidheann Phoblach Neo-roinneil a tha ann a tha ag obrachadh bho latha gu latha gun a bhith an eisimeil an Riaghaltais, ach a tha an urra ri Ministearan na h-Alba air a' cheann thall. Tha an Coimisean air a dhèanamh suas le sianar Choimiseanairean Croitearachd air an taghadh bho shia sgìrean sna siorrachdan-croitearachd, agus trìuir Choimiseanairean air an cur an dreuchd le Riaghaltas na h-Alba agus le Neach-gairm na cheann. Tha luchd-obrach de mu 60 neach aig a' Choimisean, gan stiùireadh le Ceannard (a tha ga chur an dreuchd le Ministearan na h-Alba ann an comhairle ri Neach-gairm a' Choimisein). Tha Prìomh Oifis a' Choimisein ann an Taigh a' Ghlinne Mhòir, Inbhir Nis.

Is iad prìomh obraichean Coimisean na Croitearachd riaghladh croitearachd, ath-eagrachadh croitearachd, a' cur leas na croitearachd air adhart agus a' cumail sùil air cùisean ceangailte ri croitearachd. Tha an Achd cuideachd a' cur mar dhleastanas air a' Choimisean sgrùdadh a dhèanamh air iomradh air briseadh air dleastanas le luchd-gabhail agus croitearan mar luchd-seilbh nan còmhnaidh. Faodaidh e comhairle a thoirt dhan Mhinistear air cùisean ceangailte ri croitearachd agus faodaidh e co-obrachadh cuideachd le buidhnean eile mu leasachadh eaconamach is sòisealta air na siorrachdan-croitearachd. Chan urrainn dha obrachadh, ge-tà, mar

bhuidheann-choiteachaidh. Mar bhuidheann phoblach, tha an Coimisean fo, agus tha dleastanasan aige fo, raon de reachdas eile, ach tha am Plana seo a' sealltainn air dleastanasan is cumhachdan a' Choimisein fo na h-Achdan Croitearachd.

An-dràsta tha mu 20,000 de chroitean anns na siorrachdan-croitearachd, a ghabhas a-steach Earra Ghàidheal is Bòd, na h-Eileanan Siar, a' Ghàidhealtachd, Moireabh, Arcaibh agus Sealtainn. Tha mu 75% de na croitean fo ghabhail agus an còrr de 25% ann an seilbh a' chroiteir. A bharrachd air seo, tha mu 1,000 cùl-cinn agus an ìre mhath an dara cuid aca le comataidh-feuraich aca. Uile-gu-lèir, is ionann am fearann fo ghabhail croitearachd agus mu 1.7 millean acair, no 700,000 heactair.

Bidh an Coimisean a' faighinn mu 1000 iarrtas riaghlachail gach bliadhna, cho math ri làimhseachadh nam mìltean de dh'iarrtasan airson fios bho chroitearan, luchd-lagha agus luchd-pàirteachaidh eile, mus tèid an cur a-steach gu Clàran na h-Alba gus an cur air Clàr na Croitearachd. Tha a' chiad chlàradh air cùl-cinn an urra ris a' Choimisean.

An sealladh againn

Aithnichear gun toir croitearachd buannachdan eaconamach do dh'Alba, ach a bharrachd air sin tha e follaiseach far a bheil croitearan, gu bheil Ionadan de Shuim Shònraichte Shaidheansail (ISSS), eòin, cleachdadh mothachail den fhearann, gleidheadh an t-sluaigh a-muigh air an dùthaich, agus mar sin air adhart agus tha sinn a' creidsinn gu bheil àite bunaiteach aig a' Choimisean ann a bhith a' dèanamh cinnteach gun soirbhich le rian na croitearachd agus leis na coimhearsnachdan a tha gan cumail leatha. Is e sealladh sìmplidh a tha againn:

A bhith na riaghlaidhe treòrach a chleachdas na cumhachdan aige gus taic a chur ri rian na croitearachd

An t-adhbhar againn

WGED a tha obraichean a' Choimisein gan nochdadh ann an Achd nan Croitearan (Alba) 1993 (mar a chaidh atharrachadh), chan eil smachd againn air mar a nì sinn na h-obraichean seo agus tha sinn a' faireachdainn gu bheil e na dhleastanas dhuinn an dèanamh gu h-èifeachdach, gu cruinn, air an aon rèir agus gu glic gus a dhèanamh cinnteach gun toir sinn seachad chan e a-mhàin taic mhath do rian na croitearachd ach cuideachd seirbheis mhath do na coimhearsnachdan-croitearachd air am bi sinn a' frithealadh. Le riaghladh cùramach is èifeachdach, faodaidh an Coimisean cuideachadh ann an caochladh dhòighean, le bhith a' dèanamh cho-dhùnidhean, a' cur taice ri daoine agus a' cruthachadh is a' toirt taice do ghnìomhachasan ionadail. Ann an suidheachaidhean eile, mar ghèilleadh do dhleastanasan do chroitearan agus do chroitearan nan seilbheadairean nan còmhnaidh, faodaidh an Coimisean buaidh dhìreach a thoirt ri tìde le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheilear a' fuireach air croitean, agus a' cuideachadh mar sin gus an sluaigh a ghleidheadh, agus rianachd mhath air fearann tro àrachas agus gleidheadh fearann-croitearachd. Is e an t-adhbhar a tha againn uime sin:

Riaghladh a dhèanamh air rian na croitearachd mar as ceart is gu reusanta gus a dhìon airson nan ginealach ri teachd

Na luachan againn

Tha an Coimisean air luachan corporra a leasachadh a nochdas na tha cudromach dhuinn mar eagrachadh agus a tha aig cridhe mar a bhios sinn a' feuchainn ri obrachadh bho latha gu latha.




Dealas
airson ar cuid
obrach



A' gabhail
cùraim mu na
coimhearsnachdan
agus mun
àrainneachd againn



Obair-sgioba
dheimhinneach



Tiomnadh mu
chàileachd
agus rudan a
dhèanamh nas



fheàrrLearn
lonnsaich,
teagaisg,
tionnsgain

Toradh a h-aon

Croitearan an seilbh agus gan rianachd.

Cleachdaidh sinn na cumhachdan againn gus cleachdadh gnìomhach chroitean a riaghladh is a bhrosnachadh agus, nuair a ghabhas e dèanamh, obraichidh sinn le feadhainn eile gus cur ris an tuigse air luach fearann-croite mar mhaoin a chuidicheas ri leasachadh seasmhach air coimhearsnachdan-croitearachd agus ion-obrachas ionmhasail theaghlaichean ri croitearachd.

Amasan bunaiteach:

- A' cumail oirnn le ìrean àrda air ais bho Chunntas-sluaigh na Croitearachd
- Gnìomh a ghabhail nuair a thathar an amharas mu bhriseadh air dleastanas
- Riaghladh cuimseachail a nì cinnteach gum bi croitean an seilbh agus gan rianachd, ag obair le coimhearsnachdan-croitearachd, luchd-pàirteachaidh, com-pàirtichean agus uachdarain gu h-ionadail gus am pròiseas a thoirt air adhart

Dè an coltas a bhios air soirbheachadh?

- Ìrean àrda air ais bho Chunntas-sluaigh bliadhnail na Croitearachd
- Brisidhean air dleastanas gam fuasgladh le toradh deimhinneach
- Lùghdachadh air àireamh nan croitean falamh
- Ìrean nas àirde de chòmhnaidh is de dh'obair air croitean

Toradh a dhà

Cùiltean-cinn gan riaghladh agus cleachdaidhean coitcheann a thaobh rianachd mar an àbhaist.

Thathar den bheachd gu bheil rianachd choitcheann agus cleachdadh torrach den chùl-chinn riatanach a thaobh seasmhachd na croitearachd. Gus cuideachadh gus seo a thoirt air adhart, faodaidh an Coimisean obrachadh le comataidhean-feuraich gus rianachd èifeachdach air cùiltean-cinn a chur air adhart.

Amasan bunaiteach:

- Stiùireadh ùr a thoirt a chleachdas comataidhean-feuraich ann an co-bhonn ri riaghailtean ùra mu fheurach
- Fiosrachadh a thional tro dhleastanas nan comataidhean-feuraich aithisg a thoirt gach 5 bliadhna air cor nan croitean is an fheuraich sa bhaile aca fhèin
- Cuir ri àireamh nan cùl-cinn air an riaghladh le bhith ag obair le coimhearsnachdan-croitearachd
- Cuir ri mothachadh air cho cudromach agus a tha feurach air a riaghladh a' cleachdadh shlighean leithid lìonra an Luchd-mheasaidh

Dè an coltas a bhios air soirbheachadh?

- Leudachadh air an ìre a' gabhail ri riaghailtean ùra mu fheurach
- Leudachadh air ìre nan cùl-cinn air an riaghladh
- Leudachadh air àireamh nan cùl-cinn air an clàradh air Clàr na Croitearachd

Toradh a trì

Croitearachd ga riaghladh ann an dòigh a tha ceart is èifeachdach.

Tha Coimisean na Croitearachd a' creidsinn gu bheil leasachadh leanmhainneach an taobh a-staigh na buidhne deatamach. Le bhith a' tasgadh ann an daoine is siostaman a libhrigeas modhan Riaghlachail a' Choimisein, nì e cinnteach gu bheil e ullamh gus aghaidh a chur air na dùbhlain air mar bhuidheann agus seirbheisean nas fheàrr a thoirt do choimhearsnachdan-croitearachd.

Amasan bunaiteach:

- Dèan cinnteach gun gèill na polasaidhean againn do na h-Achdan Croitearachd
- Thoir leasachadh air dòighean nan co-dhùnaidhean againn ag obair le coimhearsnachdan is com-pàirtichean
- Thoir leasachadh air seirbheis luchd-cleachdaidh le bhith a' cur shiostaman-gnìomhachais an sàs a bheir barrachd sheirbheisean air-loidhne do chroitearan leithid ghoirean do dh'arrtasan
- Thoir leasachadh air èifeachd is cruinneas agus dèan cinnteach gun gèillear do dh'Achd Saorsa an Fhiosrachaidh tro Rianachd nan Clàr againn

Dè an coltas a bhios air soirbheachadh?

- Iarrtasan Riaghlachail a' dol troimhe nas luaithe
- Ìrean nas àirde de thoileachas am measg an Luchd-chleachdaidh
- Leudachadh air seirbheisean do choimhearsnachdan-croitearachd agus luchd-pàirteachaidh eile tro libhrigeadh digiteach
- Oifigearan a' gabhail barrachd cho-dhùnaidhean tiomnaichte a bheir seirbheis nas luaithe is nas seasmhaiche dhan luchd-chleachdaidh againn.

Toradh a ceithir

Sinn ag obair le luchd-pàirteachaidh gus cuideachadh ri croitearachd bheò san àm air thoiseach.

Tha tuigse choicheann san roinn agus thairis oirre gu bheil croitearachd gu mòr ri leasachadh eaconamach is sòisealta na h-Alba. Faodaidh Coimisean na Croitearachd, to Chunntas-sluaigh na Croitearachd is an Fheuraich agus an obair Riaghlachail aige, fianais a thoirt a chuidicheas ri co-dhùnaidhean mu leasachadh na croitearachd san ùine romhainn. Gus seo a dhèanamh, cumaidh sinn oirnn ag obair gu dlùth le luchd-pàirteachaidh croitearachd, Riaghaltas na h-Alba agus Ministearan na h-Alba air caochladh chùisean agus prìomhachas a thoirt do ghnìomhan sam bith.

Amasan bunaiteach:

- Thoir tàbhachdan is gnìomhan còmhla tro cheangal gnìomhach le luchd-pàirteachaidh le eòlas ionadail
- Obair le Riaghaltas na h-Alba agus luchd-croitearachd eile gus tàbhachdan mu atharrachadh air reachdas a chomharrachadh
- Thoir fianais a chuidicheas ri deasbad is molaidhean mu leasachadh le bhith a' cleachdadh fiosrachaidh bho Chunntas-sluaigh na Croitearachd is an Fheuraich

Dè an coltas a bhios air soirbheachadh?

- Leudachadh air co-obrachadh le luchd-pàirteachaidh eile air tionnsgnaidhean coitcheann

Toradh a còig

Gum bi an t-eòlas is an spionnadh ceart aig an luchd-obrach agaunn gus gnìomhadh gu math; na modhan-riaghlaidh againn a rèir a' chleachdaidh as fheàrr.

Tha sinn den bheachd gu bheil e cudromach gum bi luchd-obrach gu math dèanadach againn an-dràsta agus san àm air thoiseach. Tha fios againn gus seo a thoirt gu buil gun fheumar tasgadh ann an luchd-obrach agus cruth is siostaman eagrachail a chuireas ri comas na buidhne. Tha an Coimisean den bheachd gun tig mar thoradh air an tasgadh seo gun lorgar dòighean ùra is nas fheàrr gus na toraidhean againn a thoirt gu buil, a' cur eòlas an luchd-obrach againn còmhla gus leasachadh seasmhach a thoirt air na seirbheisean a bhios sinn a' toirt seachad.

Amasan bunaiteach:

- Sgioba is Bòrd le eòlas iomchaidh a tha uidheamaichte gu h-iomlan gus an cuid dhleastanasan a choileanadh
- Bòrd le cumhachd is spionnadh gus an obair aca a tharraing a-mach
- Modhan-riaghlaidh nas fheàrr

Dè an coltas a bhios air soirbheachadh?

- Clàr stèidichte mu Leasachadh Corporra ann a nì cinnteach gun cùm sinn oirnn a' tasgadh san sgioba is sa Bhòrd
- Dealbhadh Luchd-obrach le toraidhean ga chleachdadh sa bhuidhinn
- Barrachd toileachas-obrach air feadh na buidhne
- Rianachd làidir mu ghàbhaidhean ann a rèir a' chleachdaidh as fheàrr

Toradh a sia

Gun lùghdaich sinn a' bhuidhne a bheir sinn air an àrainneachd.

Tha sinn ag iarraidh dèanamh cinnteach gun cùm sinn a' bhuidhne a bheir sinn air an àrainneachd againn cho ìseal is a ghabhas le bhith ag obair gus an ìre de charbon a bhrùchdas sinn a lùghdachadh.

Amasan bunaiteach:

- Barrachd mothachaidh mu cheistean mun àrainneachd aig an luchd-obrach
- Plana-gnìomha comharraichte gus an ìre de charbon againn a lùghdachadh

Dè an coltas a bhios air soirbheachadh?

- Barrachd mothachaidh am measg an luchd-obrach againn gus gabhail ri deagh chleachdaidhean a bheir an aire dhan àrainneachd
- Lùghdachadh air an ìre de charbon a bhios a' bhuidheann againn a' brùchdadh.

A' tomhas ar soirbheachaidh

Thèid a h-uile gin de na toraidhean air a bheilear a-mach anns a' phlana seo a lìbhrigeadh tro ghnìomhan sna Planaichean-gnìomhachais gach bliadhna againn far am bi fios cuideachd mu amasan mu leasachadh air dèanadas sònraichte don bhliadhna sin. Thèid aithisg a thoirt gach bliadhna air an adhartas againn a rèir nan amasan seo san Aithisg Bhliadhnail againn far am bi fios cuideachd mun adhartas againn san fharsaingeachd a rèir nan slatan-tomhais mu shoirbheachadh aig ìre àrd a thathar a' comharrachadh anns a' Phlana Chorporra seo agus gu h-àraid mar a leanas:

Comharraichear aig Ìre Àrd	Amas
Àireamh nan croitean an seilbh	A' dol am meud
Àireamh nan croitean gan rianachd gu gnìomhach	A' dol am meud
Àireamh nan cùl-cinn gan riaghladh le comataidh an dreuchd	A' dol am meud
Àireamh nan cùl-cinn air an clàradh air Clàr na Croitearachd	A' dol am meud
Ùine gus iarrtasan riaghlachail a chur troimhe	A' dol sìos
Ìrean de thoileachas an luchd-chleachdaidh	A' dol am meud
Measadh air ceanglaichean luchd-obrach	A' dol am meud
Brùchdadh carboin mar bhuidheann	A' dol sìos

Ri linn àm a' Phlana Chorporra seo, thèid tomhasan airson a h-uile gin de na slatan-tomhais bunaitich seo mu shoirbheachadh a chur ri chèile mas e nach eil iad ann mar-thà.

Toraidhean nàiseanta

Tha toraidhean a' Phlana Chorporra againn a rèir nan toraidhean aig feadhainn eile san roinn phoblaich gus Toraidhean Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba ann an Ro-innleachd Eaconamach na h-Alba a thoirt gu buil. Tha sinn den bheachd gu bheil sinn a' cur ri còig de na Toraidhean Nàiseanta air a bheil giorrachadh gu h-ìseal.

Toraidhean Nàiseanta	Toraidhean Coimisean na Croitearachd outcomes	Mar a chuidicheas sinn
Tha sinn a' fuireach ann an àiteachan a tha cuimhir is seasmhach far a bheil cothrom againn air na goireasan is na seirbheisean a bhios a dhìth oirnn	1 2 3	Le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil croitean gan rianachd gu math agus le bhith a' cuideachadh ri leachadh chroitean is chùl-cinn tro na co-dhùnaidhean againn faodaidh sinn leudachadh air cleachdadh torrach an fhearainn-chroite againn air farsaingeachd adhbharan adhbharachadh..
Gum bi coimhearsnachd làidir is seasmhach is taiceil againn far an gabh daoine uallach airson an cuid gnìomhan fhèin agus mar a tha iad a' bualadh air daoine eile	1 2	Obraichidh sinn le coimhearsnachdan gus an tuig iad an luach a tha air fearann-croite mar mhaoin agus barrachd chomataidhean-feuraich a bhrosnachadh a dhol an dreuchd gus comas an fhearainn a thoirt gu buil le rianachd nas fheàrr air maoin choitcheann. Cuideachd, le bhith a' cleachdadh fios bho chunntas-sluaigh na croitearachd is an fheuraich, cuiridh sinn pròiseactan geo-pilot ri chèile gus gnìomh a ghabhail mu chòmhnaidh agus cuidichidh sinn gus coimhearsnachdan seasmhach a ghlèidheadh.
Gun luachaich is gum meal sinn an àrainneachd air a togail is nàdarrach againn is gum bi sinn ga leasachadh airson nan ginealach ri teachd	1 2 4	Le bhith ag obair le croitearan gus a dhèanamh cinnteach gu bheil iad a' coileanadh nan dleastanasan aca agus a' cumail suas an fhearainn agus ag obair le comataidhean-feuraich an dreuchd, cuidichidh sinn ri rianachd nas fheàrr air fearann air feadh nan siorrachdan-croitearachd.
Gun lùghdaich sinn a' bhuidhe air an àrainneachd ionadail is chruinneil a bheir ar cuid caitheimh is saothrachaidh	1 2 6	Tha sinn ag aithneachadh comas fearann-croite mar thaic ri dèanamh bidhe is deoch gu h-ionadail agus cuideachd mar a chuireas comataidhean-feuraich taic ri lùth ath-nuadhachaidh is lùghdachadh air carbon agus bidh sinn mothachail air seo sna co-dhùnaidhean againn, a' cur air chomas gun tèid maoin croitearachd a chleachdadh mar thaic ris na gnìomhachasan seo. An taobh a-staigh na buidhne, nì sinn cinnteach gu bheil na cleachdaidhean-obrach againn mothachail air a' bhuidhe a thaobh carbon a bheir sinn agus air an lùth a chaitheas sinn agus cumaidh sinn sùil air atharrachaidhean gus iad seo a lùghdachadh.
Gum bi na seirbheisean againn aig ìre àrd, a' dol am feabhas fad na tìde, èifeachdach agus mar fhreagairt air feumalachdan dhaoine ionadail	3 4 5	Le bhith a' cumail fios ri Ministearan na h-Alba agus ag obair le luchd-croitearachd, tha àite deatamach aig a' Choimisean ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil an reachdas is na polasaidhean a thaobh croitearachd iomchaidh an dà chuid an-dràsta is anns an àm air thoiseach. Cuideachd, le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil an luchd-obrach againn ag obair ag ìre àrd agus gu bheil a' bhuidheann ag obrachadh ann an dòigh a tha dìreach is follaiseach le bhith ag ath-bhreithneachadh mhodhan agus ag atharrachadh, faodaidh sinn leasachadh nach beag a thoirt air an t-seirbheis do mhuinntir na h-Alba.


Fiosrachadh mu bhuidseat

Thathar air tabhartas mar thaic de £2.397m a bhuileachadh air Coimisean na Croitearachd airson 2017/18.

Leis gun deach caochladh dhleastanasan ùra a thoirt dhan Choimisean le toirt a-steach nam mìrean gu lèir ann an Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010, tha aonta aige cuideachd gus maoiniachadh-èiginn a bharrachd seach am buidseat bunaiteach aige a tharraing a-nuas airson 2017/18 ma bhios feum air. Air adhbhar dealbhaidh, tha sinn a' gabhail ris gun fhuirich am buidseat bunaiteach aig an ìre aig a bheil e an-dràsta ri linn a' phlana ach feumar, aig an ìre seo, gabhail ris gun tèid am maoiniachadh-èiginn sìos nuair a bhios a' chiad bhliadhna seachad.

Tha briseadh sìos thall aig ìre àrd air mar a thèid am buidseat againn leis a' mhaoineachadh-èiginn a riarachadh sa chiad bhliadhna. Mura faighear buidseat a bharrachd bho 2018 air adhart feumar seo ath-bhreithneachadh.

Caiteachas air a Mheas



■ Sgioba is Coimiseanairean

■ TF

■ Àiteachan-fuirich

■ Cosgaisean-ruithe



**CROFTING COMMISSION
COIMISEAN NA CROITEARACHD**

Coimisean na Croitearachd
Taigh a' Ghlinne Mhòir
Rathad na Leacainn
Inbhir Nis, IV3 8NW

F: 01463 663439